

## BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas bho choinneamh a' Bhùird-stiùiridh

Diciadain 26/02/2020 aig 09.30m

Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

### Buill an làthair :

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche Eadar-amail]

Ailean Caimbeul (AC)

Dòmhnall MacLeòid (DML)

Jennifer Gilmour (JG)

Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)

Joy Dunlop (JDO)

### A' Frithealadh:

#### Luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig

Shona NicIlinnein, Ceannard (SNI)

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd (DB)

Ailig Greumach, Ceann Roinn an Ionmhais (AG)

Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh 's Pròiseactan (SK) – Puing 5 is 6

Peadar Morgan, Manaidsear Rannsachaidh is Planadh Corpais (PM) - Puing 9

Brian O hEadhra, Manaidsear Chom-pàirteachasan (BOH) – Puing 8

Carol Niclain, Clàradh Geàrr-chunntas (CNI)

## 1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

### 1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche Eadar-amail fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh. Chaidh taing a thoirt do Joy Dunlop airson a cuid obrach don Bhòrd, leis gur e seo a' choinneamh mu dheireadh aice. Thug JD taing don a h-uile duine airson an taic san obair a chaidh a dhèanamh agus bha i a' coimhead air adhart ri bhith a' leantainn leis a' cheangal aice tro obair Ghàidhlig san àm ri teachd.

### 1.2 Leisgeulan

Cha robh gin ri clàradh.

## Minutes of the Board meeting

Wednesday 26/02/2020 at 09.30am

Great Glen House, Inverness

### Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Interim chair]

Allan Campbell (AC)

Donald MacLeod (DML)

Jennifer Gilmour (JG)

Johan Smith (JS)

Joy Dunlop (JD)

### In attendance:

#### Bòrd na Gàidhlig staff

Shona MacLennan, Ceannard (SML)

David Boag, Director of Language Planning & Community Development (DB)

Alex Graham, Head of Finance (AG)

Steven Kellow, Funding & Projects Officer (SK) – Items 5 & 6

Peadar Morgan, Research and Corpus Planning Manager (PM) – Item 9

Brian O hEadhra, Partnership Manager (BOH) – Item 8

Carol Johnson, Recording Minute (CJ)

## OPENING ITEMS

### Welcome & Apologies

The Interim chair welcomed everybody to the meeting. Thanks were given to Joy Dunlop (JD), for the work done for the Board, this being her last meeting in her term of appointment. JD thanked all for their support in the work undertaken and looked forward to continuing her association through Gaelic work in the future.

### Apologies

None

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 1.3 A' Nochdadh Chom-pàirtean

MTNA: Ceòlas (5.1)  
AC: An Comunn Gàidhealach – Sabhal Mòr Ostaig (5.1)  
DML: CNES (5.2)  
JNG: Acair – Comhairle nan Leabhraichean (5.1)  
JD: An Comunn Gàidhealach – Sabhal Mòr Ostaig (5.1)  
JG: Comhairle Baile Dhùn Èideann (5.2)

Dh'aontaich na buill gum biodh Dòmhnall MacLeòid na chathraiche airson cuspair 5.1 air a' chlàr-ghnothaich.

#### Gnìomh:

Cuiridh SNI stiùireadh gu Buill a thaobh na h-ùine a dh' fheumas com-pàirt a bhith air ainmeachadh airson dreuchd gun tuarastal le buidheann, às dèidh don cheangal sin a thighinn gu crìch.

*(NOTA: An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air, thug SNI fiosrachadh do Bhuill bho Choimisean nan Inbhean a thaobh stiùireadh iomchaidh mus do dhùin a' choinneamh fo GISBE)*

### 1.4 Geàrr-chunntas na coinneamh air 11/12/2019

Chaidh geàrr-chunntas na coinneamh aontachadh leis na Buill.

### 1.5 Clàr Ghnìomhan

Ghabh Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh anns a' chlàr-ghnìomhan.

### 1.6 Cùisean a thog ceann bho na coinneamhan nach eil air a' chlàr-ghnothaich

Thuir DB gum feumadh ball a bharrachd a shònrachadh do Phannal nam Planaichean gus am biodh e cuòraichte.

#### Co-dhùnadh:

Bheachdaich na buill air is **DH 'AONTAICH** MTNI an t-uallach seo a ghabhail san eadar-ama.

### 1.7 Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE

Cha robh cuspair a bharrachd ann ri dheasbad fo GISBE.

## 2.0 AITHRIS A' CHEANNAIRD

Thug buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh bhon aithris a thug an Ceannard seachad.

### Disclosure of Interests

MTMI: Ceòlas (5.1)  
AC: An Comunn Gàidhealach – Sabhal Mòr Ostaig (5.1)  
DML: CNES (5.2)  
JS: Acair – Comhairle nan Leabhraichean (5.1)  
JD: An Comunn Gàidhealach – Sabhal Mòr Ostaig (5.1)  
JG: Edinburgh City Council (5.2)

Members agreed that Donald MacLeod would act as chair for item 5.1 on the agenda.

#### Action:

SML will issue guidance to Members about the length of time interest needs to continue to be declared for an unremunerated position with an organisation, after that association has ended.

*(NOTE: Having investigated this, SML informed Members of Standards Commission guidance before the meeting closed under AOCB)*

### Minutes of meeting 11/12/2019

Minutes of the meeting were approved.

#### Actions Log

Members **NOTED** the information in the actions log.

#### Matters arising from the meetings not included on the agenda

DB raised that the Plans Panel would need an additional Member assigned to it, in order to be quorate.

#### Decision:

After discussion MTMI **AGREED** to take on this responsibility in the interim.

#### Recording topics to be covered under AOCB

There were no items requested under AOCB.

## CEO REPORT

Members **NOTED** the information from the CEO's briefing.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 3.0 RIAGHLADH CORPORRA

#### 3.1 Am Plana Gnìomh 2020/21

Bhruidhinn SNI mun phàipear. Tha dreach na bliadhna-sa stèidhichte air leasachaidhean bho bhliadhnaichean roimhe. Bha luchd-obrach an sàs ann a bhith a' dreachdadh a' phlana aig bùth-obrach leasachaidh. Thèid gnìomhan èiginn gnàth-shìde a chur ris agus thèid an addendum seo a chuirteachadh gu Buill sa Ghiblean.

Chaidh a mholadh gum biodh e feumail "Ar Stòras Gàidhlig" ùrachadh, is e a-nis 6 bliadhna a dh'aois.

#### Co-dhùnadh:

**GHABH** na Buill ri Plana Gnìomh 2020/21 is ghabh iad fa-near gun robh earann a bharrachd ri chur ris a' coimhead air amasan àrainneachd.

#### Gnìomhan:

- 3.1.1 Feumar ro-ràdh a bhith ann aig an toiseach gus am bi an co-theacsa soilleir
- 3.1.2 Bu chòir gum bi DB a' cur bhun-àireamhan ùra ris a' Phlana Gnìomh gus am bi e nas fhasa adhartas a mheasadh.
- 3.1.3 Tha earrann a bharrachd mu amasan àrainneachd ri chur ri Plana Gnìomh 2020/21.
- 3.1.4 SNI agus DB gus còmhraidhean fhosgladh le HIE air "Ar Stòras Gàidhlig".

#### 3.2 Dealbhadh Luchd-obrach

Bhruidhinn SNI mun phàipear, a' freagairt cheistean mu thaobhan de na molaidhean.

#### Co-dhùnadh

**GHABH** na buill ris a' phàipear Dealbhadh Luchd-obrach, air an tuigse gum biodh raointean comharraichte air an dèanamh nas soilleire.

#### Gnìomh:

SNI gus Plana an Luchd-obrach a dheasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ìomraidhean air ionnsachadh fèin-stiùirichte agus planaichean obrach pearsanta air an dèanamh nas soilleire.

#### 3.3 Plana Trèanaidh

Thug buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh a chaidh a thoirt seachad.

### CORPORATE GOVERNANCE

#### Operational Plan 2020/21

SML spoke to the paper. This year's version is based on developments from previous years. Staff were involved in drafting the plan at a development workshop. Climate emergency actions will be added to it and this addendum will be circulated to Members in April.

It was recommended that it would be useful to update "Ar Stòras Gàidhlig" which is now 6 years old.

#### Decision:

Members **APPROVED** the Operational Plan 2020/21 noting that an additional section will be added to address environmental aims.

#### Actions:

- 3.1.1 An introduction is required to set the overall context
- 3.1.2 New baseline figures to be added to the Operational Plan Actions by DB to allow easier monitoring of progress.
- 3.1.3 Additional section on environmental aims to be added to the Operational Plan 2020/21.
- 3.1.4 SML and DB to open discussions with HIE on "Ar Stòras Gàidhlig".

#### Workforce Planning

SML spoke to the paper, answering questions on aspects of the recommendations.

#### Decision

Members **APPROVED** the Workforce Planning paper, on the proviso that noted areas are made clearer.

#### Action:

SNI to edit the Workforce Plan to ensure that reference to self-directed learning and personal work plans is made clearer.

#### Training Plan

Members **NOTED** the information provided.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

<b>4.0 IONMHAS</b>	<b>FINANCE</b>
<b>4.1 Dreachd Buidseit – Bliadhna gu 31-03-2021</b> Chuir AG na molaidhean buidseit ùraichte airson 2020/21 air adhart.  <b>Co-dhùnadh</b> <b>GHABH</b> na Buill ris a' phàipear bhuidseit mar a chaidh a thaisbeanadh.	<b>Draft Budget – Year ending 31-03-2021</b> AG presented the updated budget proposals for 2020/21  <b>Decision</b> Members <b>APPROVED</b> the budget paper as presented.
<b>4.2 Dreachd Plana Ionmhais sa mheadhan-ùine gu 2024/25</b> Chur AG am plana ionmhais meadhan-ùine air adhart, a bha na mholadh ann am Plana Leasachaidh Deloitte. Chaidh a thoirt <b>FA-NEAR</b> gu bheil seo mar phàirt den bhunait airson cùis gnìomhachais san àm ri teachd airson maoinachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba (RnA). Dh'iarra buill gun deidheadh oidhirpean gus maoinachadh a bharrachd bho stòran eile a chur ris / a shoilleireachadh mus cuirear a-steach iad gu RnA.  <b>Co-dhùnadh</b> <b>DH'AONTAICH</b> na buill gun robh leasachadh a bharrachd ri dhèanamh air a' phlana ionmhais meadhan-ùine agus gum beachdaicheadh iad air an dreach ath-nuadhaichte aig coinneamh a' Bhùird sa Chèitean.  <b>Gnìomhan:</b> 4.2.1 AG ri atharrachaidhean sònraichte a dhèanamh air a' Phlana Ionmhais Meadhan-ùine mus tèid a chur air ais chun a' Bhùird sa Chèitean 2020. 4.2.2 AG gus cothroman airson stòran maoinachaidh eile a shoillearachadh.	<b>Draft Medium-term Financial plan to 2024/25</b> AG presented the medium-term financial plan, which had been a recommendation in the Deloitte Improvement Plan. It was <b>NOTED</b> that this is part of the basis for a future business case for additional funding from Scottish Government (SG). Members asked that efforts to seek additional funding from other sources be added/clarified prior to submission to SG.  <b>Decision</b> Members <b>APPROVED</b> the further development of the medium-term financial plan and will consider the renewed draft at the May Board meeting.  <b>Actions:</b> 4.2.1 AG to make noted amendments to the Medium-term Financial Plan prior to re-submission to the Board in May 2020. 4.2.2 AG to clarify opportunities for other funding sources.
<b>5.0 PRÌOMH BHUIDHNEAN MAOINICHTE</b>	<b>MAIN FUNDED ORGANISATIONS</b>
<b>5.1 Dearbhadh Aontaidhean Buidhnean Com-pàirteach 2020/21</b> Ghabh DML a' chathair airson na h-earrainn seo den choinneimh. <i>(Thàinig SK a-steach don choinneimh)</i> <i>(Dh' fhàg buill an seòmar aig àm beachdachaidh mu na buidhnean anns a bheil iad air com-pàirt a nochdadh, mar a chithear gu h-ìosal)</i>  Bhruidhinn DB mun phàipear, a' toirt mion-fhiosrachadh seachad mu na molaidhean airson maoinachadh ann an 2020/21, airson nam prìomh chom-pàirtichean libhrigidh. Tha seo a' leantainn air aontaidhean maoinachaidh 3-bliadhna ann an 2019/20. Thug buill <b>FA-NEAR</b> gun deach siostaman aithris neartaichte a chruthachadh agus gu bheil ceangal nas fheàrr ann ris na h-amasan corporra againn, agus gu bheil BnG ag obair gu dlùth ris na buidhnean gus sgrùdaidhean cùise a chruthachadh agus tomhas càileachd is buaidh a leasachadh.  Bha a' Chomataidh Poileasaidh is Libhrigidh air aontachadh na co-dhùnaidhean seo a chur suas gu h-àrd gus am biodh co-dhùnaidhean cuòraichte.	<b>Confirmation of Delivery Partner Agreements 2020/21</b> DML took the chair. <i>(SK joined the meeting)</i> <i>(Members left the room during deliberations about the organisations they have declared an interest in, as marked below)</i>  DB spoke to the paper, detailing the recommendations for funding in 2020/21, for the main delivery partners. This follows the introduction in 2019/20 of 3-year funding agreements. Members <b>NOTED</b> the development of strengthened reporting systems and better connections with our corporate aims, and that BnG were working closely with the organisations to create case studies and improve measurement of quality and impact.  The Policy and Delivery Committee had agreed to remit these decisions upwards to enable decisions to be quorate.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 5.1 Co-dhùnadh:

**DH'AONTAICH** na buill na duaisean maoineachaidh a leanas airson 2020/21:

Comunn na Gàidhlig	£463,700	
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	£310,000	
Comhairle nan Leabhraichean	£180,770	(Dh'fhàg JS airson seo)
Fèisean nan Gàidheal	£145,600	(Dh'fhàg JD airson seo)
Ionad Chaluum Chille Ìle	£104,960	
An Comunn Gàidhealach	£100,850	(Dh'fhàg AC is JD airson seo)
Ainmean-Àite na h-Alba	£ 81,600	(Dh'fhàg MTMI, AC is JD airson seo)
Faclair na Gàidhlig	£ 76,500	(Dh'fhàg AC is JD airson seo)
Ceòlas Uibhist	£ 57,700	(Dh'fhàg MTMI airson seo)
Acair	£ 57,540	(Dh'fhàg JS airson seo)
Theatre gu Leòr	£ 55,870	

**DHIÙLT** buill an tagradh maoineachaidh airson An Lòchran de £35,280 airson 2020/21. Ach thug am Bòrd cuireadh do dh'oifigearan iarrtas a chur a-steach a-rithist nuair a gheibhear barrachd fiosrachaidh.

### Co-dhùnadh:

Thug buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh a bharrachd a leanas:

- Bidh BnG a' coinneachadh ri ICCI gach ràithe
- Thathas a' cur an cuimhne bhuidhnean gum bu chòir aithne a thoirt do BhnG mar luchd-maoineachaidh ann an stuth sanasachd sam bith. Thathas ag ùrachadh stiùiridhean maoineachaidh BnG gus seo a neartachadh ann an cùmhnantan a thèid a thoirt do luchd-faighinn thabhartasan.

### Gnìomhan:

- 5.1.1 DB gus cuireadh a thoirt don Cheannard ùr-fhastichte airson A' Chomuinn Ghàidhealaich, Seumas Greumach, coinneachadh ris a' Bhòrd aig coinneamh a' Bhùird no Comataidh.
- 5.1.2 SNI gus dearbhadh bho Ghnàth-riaghailtean a' Bhùird, gum biodh na 3 Buill a tha air fhàgail cuòraichte airson co-dhùnadh AÀA. Ma tha ceist sam bith ann leis a' cho-dhùnadh a chaidh a dhèanamh cuartaichidh i fiosrachadh tro phost-d.

### Decision:

Members **APPROVED** the following funding awards for 2020/21:

Comunn na Gàidhlig	£463,700	
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	£310,000	
Comhairle nan Leabhraichean	£180,770	(JS left for this for this item)
Fèisean nan Gàidheal	£145,600	(JD left for this item)
Ionad Chaluum Chille Ìle	£104,960	
An Comunn Gàidhealach	£100,850	(AC & JD left for this item)
Ainmean-Àite na h-Alba	£ 81,600	(MTMI, AC & JD left for this item)
Faclair na Gàidhlig	£ 76,500	(AC & JD left for this item)
Ceòlas Uibhist	£ 57,700	(MTMI left for this item)
Acair	£ 57,540	(JS left for this item)
Theatre gu Leòr	£ 55,870	

Members **REJECTED** the funding application for 2020/21 for An Lòchran of £35,280. However, the Board invited officers to re-submit an application once more information is received.

### Decision:

Members **NOTED** the following additional information:

- BnG are meeting quarterly with ICCI.
- Organisations are to be reminded that recognition should be given to BnG as funders in any promotional material. BnG funding guidelines are being updated to strengthen this in contracts being issued to grant recipients.

### Actions:

- 5.1.1 DB to invite the newly appointed CEO for An Comunn Gàidhealach, James Graham, to meet with the Board at either a Board or Committee meeting.
- 5.1.2 SML to verify from the Board Standing Orders, that the 3 remaining Members would constitute a quorum for the AÀA decision. Should there be any issue with the decision taken she will circulate information by email.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 5.2 Oifigearan Iomairt (air an stiùireadh le Comunn na Gàidhlig)

Thòisich MTNI a-rithist mar chathraiche.

*(Dh'fhàg DML, JG is JW airson a' chuspair seo)*

#### Co-dhùnadh:

**GHABH** na Buill ris na molaidhean maoinichaidh a leanas:

Comhairle nan Eilean Siar	£94,300
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	£34,000
Comhairle Baile Dhùn Èideann	£15,500
Comhairle Baile Ghlaschu	£15,500

*(Thill DML, JG is JW)*

### 6.0 MAOINEACHADH

#### **Maoineachadh**

Bhruidhinn SK mun phàipear.

#### Co-dhùnadh:

An dèidh beachdachadh orra, **GHABH** na Buill ris na molaidhean maoinichaidh a leanas:

PT1 – Young Scot	£56,600
PT2 – Tobar an Dualchais	£40,000
PT3 – Urras Baile Fhlòdaigearraidh	£45,000
PT4 – Bogadh do Thidsearan 2020/21	£340,000

*(Dh'fhàg SK a' choinneamh)*

### 7.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN

PT1 Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail

PT2 Clàr Mhì-chinntean Gnìomhach (mar fhiosrachaidh a-mhàin)

Beachdaich na Buill air a' chlàr mhì-chinntean. Ann a bhith a' freagairt cheistean bho bhuill mun bhuidhe a bheireadh dreuchd Ceann nan Seirbheisean Corporra a bhith bàn air an luchd-obrach, thug SNI dearbhadh gun robh ceumannan iomchaidh eadar-amail air an gabhail.

#### Co-dhùnadh

**GHABH** na Buill ris a' Chlàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail.

### Iomairtean Officers (administered through Comunn na Gàidhlig)

MTMI resumed the chair.

*(DML, JG & JW left for this item)*

#### Decision:

Members **APPROVED** the following funding awards:

Comhairle nan Eilean Siar	£94,300
Argyll & Bute Council	£34,000
Edinburgh City Council	£15,500
Glasgow City Council	£15,500

*(DML, JG & JW returned)*

### FUNDING

#### **Funding**

SK spoke to the paper.

#### Decision:

After deliberation Members **APPROVED** the following funding awards:

PT1 - Young Scot	£56,600
PT2 - Tobar an Dualchais	£40,000
PT3 - Flodigarry Township Trust	£45,000
PT4 - Immersion for Teachers 2020/21	£340,000

*(SK left the meeting)*

### RISK MANAGEMENT

PT1 Strategic Risk Register

PT2 Operational Risk Register (for information only)

Members discussed the risk register. In response to members' concerns regarding the impact that the departure of the Head of Corporate Services would have on staff workload, SML gave assurance that interim measures were adequate.

#### Decision

Members **APPROVED** the Strategic Risk Register.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

<b>8.0 LEASACHADH NA BUIDHNE</b>	<b>ORGANISATIONAL DEVELOPMENT</b>
<b>8.1 Am Plana Leasachaidh</b> <i>(Thàinig BOH a-steach don choinneimh)</i> Thug JG fiosrachadh do Bhuill gu bheil Buidheann Stiùiridh a' Phlana Leasachaidh riarachta le adhartas air a' Phlana. Bha deasbad ann mu bhuileachadh, sgrùdadh agus buaidh nan leasachaidhean.  <b>Co-dhùnadh</b> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don Phlana Leasachaidh, agus thug iad taing don Sgioba-stiùiridh airson an obair a bharrachd a chaidh a dhèanamh le gnìomhan a' Phlana Leasachaidh. <i>(Dh'fhàg BOH a' choinneamh)</i>	<b>Improvement Plan</b> <i>(BOH joined the meeting)</i> JG briefed Members that the Improvement Plan Steering Group are satisfied with progress on the Plan. Discussion on the implementation, monitoring and impact of improvements took place.  <b>Decision</b> Members <b>NOTED</b> the Improvement Plan, and their thanks to the Leadership Team for the extra work undertaken with the Improvement Plan actions. <i>(BOH left the meeting)</i>
<b>8.2 Rèiteachadh Adhartas Gnìomhan a' Phlana Leasachaidh</b> Ghabh Buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh sa phàipear.	<b>Reconciliation of Improvement Plan Actions</b> Members <b>NOTED</b> the information in the paper.
<b>9.0 CLEACHDADH NA GÀIDHLIG</b>	<b>GAELIC USAGE</b>
<b>Coimisean airson Leasachadh Corpais</b> <i>(Thàinig PM a-steach don choinneimh)</i> Thug PM fiosrachadh do Bhuill mu dheidhinn an sònrachadh rannsachaidh a tha ga mholadh, agus chaidh deasbad a chumail air rannsachadh co-cheangailte ris na rinneadh roimhe agus air a' cheangal ris a' Phlana Corpais againn.  <b>Co-dhùnadh</b> <b>GHABH</b> na buill ris an tairgse sònrachaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.  <b>Gnìomh:</b> DB gus dèanamh cinnteach gu bheil làn bhuidhean air a mhìneachadh nuair a thèid a h-uile pròiseact a thoirt don Bhòrd airson beachdachadh <i>(Dh'fhàg PM a choinneamh)</i>	<b>Corpus Development Commission</b> <i>(PM joined the meeting)</i> PM briefed Members on the specification for the proposed research, and discussion took place on previous related research and the connection with our Corpus Plan.  <b>Decision</b> Members <b>APPROVED</b> the tender specification as presented.  <b>Action:</b> DB to ensure that full budgetary impact is detailed when all projects are presented to the Board for consideration. <i>(PM left the meeting)</i>
<b>10.0 RIACHLADH CORPORRA (a leantainn)</b>	<b>CORPORATE GOVERNANCE (contd)</b>
<b>10.1 Fiosrachadh air Adhartas le Plana Ghnìomh 2019/20</b>  Thug na buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh anns a' phàipear.	<b>Update on Operational Plan 2019/20 Progress</b>  Members <b>NOTED</b> the information in this paper.
<b>10.2 A' Cumail coinneamh a' Bhùird-stiùiridh gu poblach</b> <i>(Dh'fhàg JNG a' choinneamh)</i> Bhruidhinn SNI mun phàipear agus bheachdaich na Buill air cuid de na molaidhean.  Ghabh na Buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh sa phàipear.	<b>Holding Board Meetings in Public</b> <i>(JS left the meeting)</i> SML spoke to the paper and Members discussed aspects of the recommendations.  Members <b>NOTED</b> the information in the paper.

## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 10.3 Aithisg Oifigear Inbhean

Ghabh Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

### 10.4 Aithisg Gnìomhan Conaltraidh

Ghabh Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

### 11.0 IONMHAS (a' leantainn)

#### 11.1 Aithisg Ionmhais gu 31/01/2020

Chaidh innse do na Buill gu bheil luchd-obrach an ionmhais a-nis a' coinneachadh gach seachdain leis an Sgioba-stiùiridh agus leis na h-oifigearan Tabhartasan, gus sùil gheur a chumail air maoinachadh a dh'ionnsaigh deireadh na bliadhna ionmhais.

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh san aithisg.

#### 11.2 Siostam Riaghlaidh Ionmhas

PT1 Siostaman ùghdarrais tiomnaichte

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh san aithisg.

PT2 - Molaidhean ainm-sgrìobhte a' bhanca

#### Co-dhùnadh

**GHABH** na Buill ris na molaidhean sa phàipear.

### 12.0 PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH

#### Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Bhruidhinn SNI mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do Bhuill mun chlàr-ama a chaidh a mholadh.

#### Co-dhùnadh

**GHABH** buill ri Phlana-obrach a' Bhùird mar a chaidh a thaisbeanadh.

### 13.0 GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS NA BUIDHNE-STIÙIRIDH

PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (Dreachd)

PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Dreachd)

PT3 Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh (Dreachd)

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh anns na dreachd geàrr-chunntasan.

### Standards' Officer Report

Members **NOTED** the information in the paper.

### Communication Actions Report

Members **NOTED** the information in the paper.

### FINANCE (contd)

#### Financial Report to 31/01/2020

The Members were told that the finance staff are now meeting weekly with the Leadership Team and the Grants officers, to closely monitor funding towards the financial year end.

The Members **NOTED** the information in the report.

#### Finance Governance Systems

PT1 – Delegated Authority Systems

The Members **NOTED** the information in the report.

PT2 – Bank Signatory Recommendations

#### Decision

The Members **APPROVED** the recommendations in the paper.

### BOARD WORKPLAN

#### Board Workplan

SML spoke to the paper, briefing Members on the proposed schedule.

#### Decision

Members **APPROVED** the Board Workplan as presented.

### MINUTES FROM THE COMMITTEES AND THE STEERING GROUP

PT1 Audit and Assurance Committee (Draft)

PT2 Policy and Resource Committee (Draft)

PT3 Improvement Plan Steering Group (Draft)

The Members **NOTED** the information in the draft minutes.



## GEÀRR-CHUNNTAS DEARBHTE

### 14.0 GISBE

#### **Gnàth-riaghailtean**

Sgaoil SNI stiùireadh Coimisean nan Inbhean air foillseachadh com-pàirt airson comainn neo-phàighidh. Dh' iarr i cead a' Bhùird na Gnàth-riaghailtean atharrachadh.

#### **Co-dhùnadh:**

**DH'AONTAICH** buill beachdachadh air atharrachadh air na Gnàth-riaghailtean làithreach aig coinneamh a' Bhùird sa Chèitean.

#### **Gnìomh:**

Ùraichidh SNI na Gnàth-riaghailtean airson breithneachadh orra aig coinneamh a' Bhùird sa Chèitean.

Cha robh gnothach foirmeil eile ann airson deasbad. Thug an Cathraiche eadar-amail taing a-rithist do JD airson a cuideachaidh thairis air na bliadhnaichean mar Bhall den Bhòrd, agus thug i taing don a h-uile duine airson na rinn iad agus an uair sin thug i a' choinneamh gu crìch.

### 15.0 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Cumar an ath choinneamh air 26/05/2020.

### AOCB

#### **Standing Orders**

SML relayed the Standards Commission guidance on declaration of interest for non-remunerative associations. She sought the Board permission to amend the Standing Orders.

#### **Decision:**

Members **AGREED** to consider an amendment to the current Standing Orders at the May Board meeting.

#### **Action:**

SML will update the Standing Orders for consideration at the May Board meeting.

There was no further formal business for discussion. The Interim chair again thanked JD for her help over the years as a Member of the Board, and thanked everyone for their contribution then brought the meeting to a close.

### DATE OF NEXT MEETING

The next meeting will take place on 26/05/2020.